

## Ceanglaichean Croitearachd: Buntàta Traidiseanta



**sgrìob** – trench, furrow  
**poca-fàis** – grow-bag  
**rùsg** – skin



### Ciamar a dh'fhàsas mi am buntàta?

**A' cur:** Tha buntàta feumach air solas, uisce, biadh agus rùm airson fàs. Cha toigh leotha reothadh. Mar sin dèan cinnteach nach eil cus reothaidh ann air an oidhche nuair a chuireas tu iad. **Mar as trice, bidh deireadh a' Ghiblein freagarrach.**

### Faodhaidh tu am buntàta a chur dhan talamh

1. An toiseach, tionndaidh an talamh agus thoir às na luibhean, no iarr air cuideigin an talamh a threabhadh dhut.

- Cleachd sreang agus bioran gus loidhnichean a chomharrachadh anns an ùir, **60cm o chèile**.
- Cladhaich sgrìoban anns a bheil **10cm de dhoimhneachd** anns an ùir.
- Cuir am bùntata **30cm o chèile** anns gach **sgrìob**.

**no**

### Faodaidh tu an cur ann an ùir, taobh a-staigh seann taidhir tractair, no ann am poca-fàis:

- Cuir 5 dhiubh ann an taidhir, no 3 dhiubh ann am poca-fàis, mu 10cm de dhoimhneachd.

### 2. Nuair a nochas duilleagan a' bhuntàta, cleachd

tobha gus an còmhdaichadh leis an ùir eadar na sreathan. Dèan seo a-rithist ann an 2 no 3 sheachdainean. Tha seo a' toirt barrachd ùir dhan bhuntàta airson fàs, tha e a' cur bacadh air na luibhean, the e a' leigeil le uisce gluasad mun cuairt agus tha e a' dèanamh cinnteach nach ruig solas na grèine iad. Ma thachras sin, bidh **rùsg** a' bhuntàta a' fàs uaine, agus cha bhi iad math airson ithe.

### Bidh flùraichean brèagha air a' bhuntàta!

Gu tric, tha an aon dath air na flùraichean 's a' th' air rùsg a' bhuntàta - dearg, geal no gorm. Chi thu iad anns an Iuchar agus anns an Lùnastal.





## Cuin a thogas mi am buntàta?

**Nuair a thòisicheas na barran a' fàs buidhe no ruadh,** chan eil iad a' fàs tuilleadh, agus faodaidh tu am buntàta a thogail. Mar as trice, 's ann anns an t-Sultain no anns an Dàmhair a bhios sin, ach ma tha **gaiseadh** air, bidh e nas tràithe. Cladhaich fodha le do làmhan no le gràpa gus am buntàta fhaighinn.



barran – leaves, shaws  
gaiseadh – blight

### 'S e galar fungais a th' anns a' ghaiseadh.

Bidh an gaiseadh a' sgaoileadh leis a' ghaoith, gu h-àraid nuair a bhios an t-side fliuch. Bidh e a' tòiseachadh air a' bhàrr far am bi e a' fàgal spotan dorcha-donn no dubh.



Duilleag bhuntàta air a bheil an gaiseadh.

Ma chì thu gaiseadh air na barran, gabhaidh am buntàta a shàbhaladh le bhith a' geàrradh dheth nam barran leis a' ghalar. Fàg am buntàta fhèin fon talamh cola-deug eile mus tog thu iad. Cha bu chòir dhan ghaiseadh a bhith orra, agus gabhaidh a chumail airson beagan mhìosan. No, ma thogas tu iad cho luath 's a chì thu spotagan air a' bhàrr, bidh am buntàta math airson ithe anns a' bhad.



## Ciamar a dh'itheas mi am buntàta?

Feumaidh buntàta a bhith air a bhruich.

Faodaidh tu a ghoil, a stiomadh, a phronnadh, a ròstadh, a bhruich ann an àmhainn, no criospaichean, sliseagan no sgonnan a dhèanamh leis. Tha tòrr dhòighean ann air am bruich, ach bu chòir dha inbheach do chuideachadh.

Ma chaidh am buntàta fhàs gun cheimigean, chan fheum thu a rùsgadh. Tha am blas as fheàrr air an rùsg agus dìreach fon rùsg, agus 's e seo am pàirt as fheàrr dhut.  
Dèan cinnteach gun nigh thu iad gu math.




SAN ÀMHAINN




BRUICH



RÒIST



Ciamar as toigh  
leat fhèin an  
buntàta agad?



## Barrachd Leughaidh à stuth Ceanglaichean Croitearachd

**Soils of the Crofts** air fhoillseachadh le Institiùt Hutton agus Ceanglaichean Croitearachd – dèan deuchainn air an ùir agus ionnsaich mar a thèid **torrachas** na talmhainn a leasachadh airson a' bhuntàta agad.

**Guide to Seed Potatoes** le Alan Romans – leabhar beag, farsaing leis an fhiosrachadh as ùire mu seòrsaichean buntàta a tha rim faighinn ann am Breatainn. Tha seachd duilleagan fiosrachaidd ann air eachdraidh, fàs agus galaran bhuntàta. Chaidh a sgrìobhadh le neach-reic agus eòlaiche Alan Romans à Fìobha.

**Garden Organic Guide to Making Compost**  
Pauline Pears

**Gardening on a Bed System** Pauline Pears

**Hand to Mouth – The Food and Drink of Scotland's Islands**

Jane Cheape, Acair. Leugh na caibideilean mu dheidhinn gràn agus buntàta gus tuigse fhaighinn air mar a ghabh buntàta am prìomh àite ann an daithhead nan croitearean, seach gràn.

**torrachas – fertility**



Highlands and Islands Enterprise  
Iomairt na Gàidhealtachd's nan Eilean

Supported by  
**The National Lottery**<sup>®</sup>

Leisg le  
**Chranncur Nàiseanta**  
Ite Mhaisin-Dùchais o Chranncur

Scottish Natural Heritage  
Duaichas Nàdar na h-Alba  
All of nature for all of Scotland  
Nàdar air fad aison Alba air fad



# An robh fios agad?

Chaidh buntàta fhàs o thùs leis na h-Inca ann an Ameireaga a Deas, timcheall La Paz agus Loch Titicaca ann am beanntan Pheru. Gabhaidh iad fàs aig àirde ro àrd dhan mhòr-chuid de bhàrr eile, suas gu 4,100m os cionn ire na mara. Tha sin 3 uiread àirde Beinn Nibheis.

Tha mu 200 seòrsa buntàta fiadhaich ann an Ameireaga a Deas.



An dèidh gràn, 's e buntàta am bàrr as cudromaiche anns an t-saoghal. Gheibhear tòrr bhuntàta às gach lus, tha iad furasta an togail agus an cumail, agus tha iad math dhut.

Air sgàth cleachdadadh nan Andeanach a bhith a' dèanamh iomlaid air siol bhuntàta aig cèilidhean, tha iomadh seòrsa buntàta air a bhith ann o chionn fhada. Aig Ionad Naiseanta a' Bhuntàta ann am Peru, tha 3,800 seòrsa buntàta Andeanach ann.

Chaidh buntàta a thoirt dhan Roinn Eòropa an toiseach anns na 1560an.

Anns an 9mh linn deug, bha buntàta cudromach ann an daithead nan croitearean. Eadar 1845 agus 1849 bha gort mhòr ann air sgàth gaiseadh a' bhuntàta. 'S e "Lumpers" (bha coltas cnapach orra) a bha anns a' mhòr-chuid dhen bhuntàta a chaidh fhàs ann an Alba agus ann an Èirinn. Chaidh an taghadh air sgàth 's gun robh bàrr trom orra, ach gu mi-fhortanach cha b' urrainn dhaibh seasamh ris a' ghaiseadh.

**Barrachd leughaidh air eachdraidh a' bhuntàta**, agus adhbharan a tha e cho cudromach ann an daithead an t-saoghail: **Forgotten Fruits** le Christopher Stocks, air fhoillseachadh le Windmill leabhar intinneach air eachdraidh lusan a ghabhas ithe. Faic a' chaibideil air buntàta. **Plants for People** le Anna Lewington, air fhoillseachadh le Leabraisean Eden Project- a' leantainn na h-eachdraidh agus an ceangal eadar daoine agus na lusan a chumas iad beò. Faic a' chaibideil air buntàta.

# Ceanglaichean Croitearachd

## Buntàta Traidiseanta:

### Duilleag Clàraidh

#### LEIG FIOS THUGAINN...

- Ciamar a chaidh dhut a' fàs a' bhuntàta – gu h-àraig dè an seòrsa anns an tainig/nach tainig gaiseadh am-bliadhna?
- Dè an seòrsa buntàta a b' fheàrr a dh'fhàs san sgìre am-bliadhna?
- Dè an cuideam a fhuair thu de gach seòrsa?
- Dè an dòigh-bruich as fheàrr leat airson gach seòrsa?
- Dè dh'ionnsaich thu nuair a rinn thu deuchainn-blais còmhla ris a' chlas agad, agus còmhla ri daoine bhon choimhairsneachd?

Deit a chaidh a chur				
Deit a nochd a' chiad dhuilleag				
Deitichean a chaidh ùir a chruachadh orra				
Deit a nochd a' chiad flùr				
Gaiseadh? Tha/Chan eil				
Deit a chaidh an togail				
Na fhuair thu: àireamh bhuntàta				
Na fhuair thu: cuideam a' bhuntàta				
Ciamar a bhruich thu iad?				
Dè an seòrsa a b' fheàrr a chòrd riutsa?				
Deuchainn-blais 1 = as fheàrr				